



Tìotal: Nad phàrant/neach-cùraim (2)

Pàirt 2: A' dèanamh ceangal ri agus ag altram do phàiste

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>'S urrainn dhomh mìneachadh cho cudromach 's a tha a bhith nad phàrant no nad neach-cùraim, an dleastanas iomadh-fhillte agus maireannach a tha na chois agus a bhuidh air roghainnean is taghaidhean beatha. HWB 4-51a</p> <p>Tro rannsachadh, 's urrainn dhomh mìneachadh an taic a tha ri fhaotainn le pàrantan agus luchd-cùraim a tha a' coimhead às dèidh leanaban agus a' togail chloinne. HWB 4-51b</p>	<p>A' mìneachadh far am faighear taic do phàrantan agus luchd-cùraim.</p>

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoine' òga ròl pàrant/neach-cùraim.
- Gun tuig daoine' òga na dùbhlain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim.
- Gun tuig daoine' òga a' bhuidh a bhiodh aig pàiste air am beatha.
- Gun tuig daoine' òga cho cudromach 's a tha àrach agus cluich ann an adhartachadh pàiste.
- Gun ionnsaich daoine' òga cho cudromach 's a tha e a bhith a' sireadh cuideachadh agus taic mar phàrant.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu sgilean agus feartan pàrant/neach-cùraim.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na bhios pàrant/neach-cùraim a' dèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil am pàiste aca fallain, toilichte agus sàbhailte.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu chuid de na dùbhlain a tha an lùib a bhith nad phàrant/neach-cùraim agus mar a gheibhear cuideachadh agus taic.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun t-seòrsa pàrant/neach-cùraim a bhiodh annam.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Babies: What are they thinking? Film goirid <http://www.bbc.co.uk/guides/zgxf82>
- Farpais-cheist phàrantan

Obair

1. Tòisich le ruith-thairis dhen t-seisean mu dheireadh, tarraing aire chun nan còmhraidhean a bh' aig a' chloinn mu bhith nan deagh phàrantan. Cuir nan cuimhne gur e a' phrìomh rud a th' aig cridhe a bhith nad dheagh phàrant gun tog thu dàimh le do phàiste.
2. **A' togail cheanglaichean.** Inns dha na daoine' òga gum bi seo a' tòiseachadh nuair a tha bèibidh ga bhreith. Inns beagan mun fhilm ghoirid air a bhith a' dèanamh ceangal ri bèibidh. Theirig sìos gu *Tune into your baby's emotions* agus coimheadaibh am film **Babies: What are they thinking?** <http://www.bbc.co.uk/guides/zgxf82> (3 mion. 2 dhiog) Faigh beachdan bhon chloinn agus dèan sgrùdadh air ceistean sam bith, tarraing aire, agus mar sin dè bu chòir do phàrantan bhèibidhean a dhèanamh airson an dàimh sin a thogail?
3. **Dè bhios mo phàrantan/luchd-cùraim a' dèanamh dhòmhsa an-dràsta?** Iarr air na daoine' òga smaoinichadh orra fhèin, aig (14/15 no an aois a tha iad an-dràsta). Tha iad fhathast a' fàs agus a' tighinn air adhart. Iarr orra 5 rudan ainmeachadh a bhios am pàrantan agus an luchd-cùraim a' dèanamh airson taic a thoirt dhaibh *aig an ìm seo* – dh'fhaoite gur ann a thaobh an slàinte fhiosaigeach agus an sunnd, an slàinte fhaireachail no shòisealta (ciamar a tha iad a' faighinn air adhart san t-saoghal). Èist ri beachdan. Dèan sgrùdadh: *A bheil iad a' cur luach ann an ròl am pàrantan/luchd-cùraim an-dràsta? A bheil iad a' faicinn nan rudan a bhios iad a' dèanamh/ag ràdh mar altram? No a bheil e buaireanta/mì-chàilear dhaibh?*
4. **Altram.** Seall an slaighd air altram, tòisich còmhraidh agus dèan cinnteach à tuigse.

Tha altram a' ciallachadh a bhith a' gabhail cùram agus a' dìon rud no neach fhad 's a tha e/iad a' fàs. Tha a bhith ag altram mar phàrant/neach-cùraim a' ciallachadh gum bi thu a' toirt tòrr gaoil agus gràdh dha do phàiste. Ma tha pàrant/neach-cùraim ag altram a' phàiste aca, bidh am pàiste sin a' faireachdainn fo dhìon agus gu bheil gràdh aca dhaibh, fairichidh clann gu bheil iad cudromach agus math mun dheidhinn fhèin agus na dàimhean aca.

Seall an ath shlaighd, iarr air buidhnean beaga beachdachadh air aon aois/ìre (faodaidh iadsan taghadh) agus smaoinichadh mu na beachdan aca. Nuair a tha iad deiseil, faigh fios-air-ais agus brosnach còmhraidh, coimhead air rudan a tha coltach agus mar a bhios rudan ag atharrachadh.

Leig ort gur e pàrant/neach-cùraim a th' annad: Dè dhèanadh tu airson pàiste altram aig aois...?

- Bèibidh
- Caodachan
- 5 bliadhna
- 10 bliadhna
- 15 bliadhna

5. **Farpais-cheist Phàrantan:** Inns dha na daoine' òga mun fharpais-cheist, minich ged as e rud spòrsail a th' ann tòisichidh e còmhraidh air an t-seòrsa pàrant/neach-cùraim a tha iad a' saoilinn a bhios annta. Tha deich pàirtean san fharpais-cheist. Faodaidh iad obrachadh còmhla ri caraid, faodaidh iad copaidh a sgaoileadh ach ag innse dè an fhreagairt a bhiodh aca fhèin. Dèan an fharpais-cheist, theirig tro na ceistean tè mu seach a' sgrùdadh fhreagairtean. Gun a bhith a' comharrachadh freagairt ceart no ceàrr, dèan sgrùdadh air freagairtean a tha a' dol a rèir cuid de na rudan a thuirt na daoine' òga mar-thà mu bhith nam pàrant.

6. **Còmhradh:** Iarr air na daoine òga obrachadh ann am buidhnean de 2 no 3 airson còmhradh air na faireachdainnean aca mu na leanas. Faodaidh iad a bhith airson, an aghaidh no mì-chinnteach. Thoir ùine dhaibh airson am beachd obrachadh a-mach agus iarr fios-air-ais.

DEASBAD: Tha e air a ràdh gur e pàrantachd an inbheastadh fad-ùineach as fheàrr a nì thu. 'S e an obair as dùbhланаiche agus as iomadh-fhillte a bhios romhad nad bheatha – agus cuideachd an obair as prìseile. **Airson/an aghaidh/ mì-chinnteach...**

7. Crìochnaich le bhith a' toirt taing airson obair na cloinne. Inns mun ath sheisean far am bi iad ag ionnsachadh mu cho cudromach 's a tha cluich, agus mu rudeigin air a bheil am Babybox (Bogsa a' bhèibidh).

Ceangal ris an dachaigh

- Tha fiosrachadh an cois an leasain: **An atharraicheadh bèibidh mo bheatha? Dè dh'fheumas pàrantan/luchd-cùraim?**

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Nad phàrant: An atharraicheadh bèibidh mo bheatha? Dè dh'fheumas pàrantan/luchd-cùraim?
- Nad phàrant: Cho cudromach 's a tha cluich/Am Babybox (Bogsa a' bhèibidh)

Nòtaichean Tidseir